

Plana Bòrd na Gàidhlig

1. Tha fhios againn uile dè bu mhiann leinn agus dè bu mhath leinn fhaicinn a tachairt ann a saoghal na Gàidhlig ach gu mì-fhortanach chan fhaic sinn iad a tachairt airson bliadhnaichean mòra agus bhidh e glic an dràsda ceumanan beaga a ghabhail a dh'ionnsagh na ceann-uidhe sin. Uime sin bu chòir amasan a Bhùird bhi
 - (a) Comasach bhi air an coileanadh ann an ùine gun a bhi ro fhada (Realistic and achievable within a specified time frame)
 - (b) Comasach bhi air an tomhas. (Measurable)

2. Tha a h-uile rannsachadh chaidh dheanadh air mion-chànain a sealltainn gu bheil inbhe agus iomhaigh na cànan aon dhe na rudan is cudthromaiche ann an iomairt leasachaidh. Ma theid thu air ais 50 bliadhna cha robh Gàidhlig air fhaicinn mar chànan a bhidh daoine foghlamaichte a cleachdadh agus tha e math bhi faicinn gu bheil seo ag atharrachadh gu ìre an diugh ach gabhaidh barrachd a dheanadh – carson nach eil sanasan airson obraichean ann a sgìrean far a bheil a Ghàidhlig làidir ag ràdh rudeigin mar “A knowledge of Gaelic would be regarded as advantageous”